

[TD 1]

CUNNTAS AITHGHEARR
MU
BHEATH AGUS BHIUTHAS,
IAIN MHICIONMHUINN, D. D.
<eng>(JOHN LOVE, D. D.)<gai>
MINISTEIR BH'ANN AN ANDERSTON,
FAGUS DO GHLASGO:
ANN AN ROSG.

MAILLE RI
CUMHA AIR A SHON;
ANNS AM BHEIL A BHUADHAN
NI'S FHAIDE AIR AN CUR AN CEILL:
ANN AN RANN.

AGUS
DAN EILE.
LE IAN MUNRO.

GLASGO:
CLOBHUAILT LE IAN NIVEN 'S A MHAC.
1830.

[TD 2]

<eng>TO THE READER.

Is it not greatly to be lamented that the Gaelic, the language of about half a million of our interesting countrymen, in its PRESENT WRITTEN FORM, assumes an unintelligible and revolting aspect to many of those who thoroughly understand it, and sincerely love it as a SPOKEN LANGUAGE, and this, too, even to many of them who are excellent English scholars; and that, in consequence of its orthography, many passages of the Gaelic Bible are much obscured? Indeed, until the present system of Gaelic orthography, which is a master-piece of absurdity, is laid aside, and a cheaper and a more concise and perspicuous is substituted in its stead, the attempt to make literature flourish in Gaelic, and to enlighten Highlanders in liberal knowledge, even through "the language which is the key to their hearts," will ultimately prove as unsuccessful as would an attempt to rear large crops of wheat on the summit of Ben-nevis.

The author of the following production has ventured an attempt at a concise and improved system of Gaelic orthography in the following Memoir; while he has given the present orthography in the Elegy; and the intelligent reader will mark the striking difference. While the author confesses his inability for the task, and the difficulty of a first attempt without any elements to guide him, he has availed himself of the hints contained in the able articles on Gaelic orthography, which appeared lately in the Scots Times. And he now submits to the critical Gaelic scholar some of the principles by

which he has been guided in the following attempt.

The vowels, which modify the powers of the consonants, are pronounced as in Latin. The words are spelt as near the pronunciation as possible. All unnecessary mutes are rejected; hence the rule of corresponding broad and small vowels is laid aside. No alteration, however, is admitted which entirely destroys the derivation of a word, unless a manifest advantage is gained by it:—V is introduced, but not as an initial letter. The termination of nouns at present in [?], air, ear, eir, oir, is turned into er. The Nom. plural of nouns in ean and an is changed into un; diminutives to an. The termination adh is turned into udh, except in caochla, fasga, &c. where the a has its genuine sound. The adjective termination, at present represented by ail, eil, eal, is turned into al; and that indicative of abundance in ar, air, oir, mhor, mhoir, is changed into or and vor: terminations in ar and as are often changed to ur and us, to correspond with the pronunciation. The initial of certain verbs in f are changed in certain tenses to dh instead of dh'fh, as dhàg for dh'fhàg. The improper diphthongs eu and ei are changed to e. The linguals, l n r, when initials, are preceded by a dot in the double sound, thus ·l ·n ·r, to be pronounced as if these letters were written double. The English sound of sh is represented by ss, while s represents the simple English sound. In monosyllables the short and rapid sound of vowels is distinguished by adding h to the vowel, while the h is omitted in the long sound; as cà (chaff) cah (battle), &c. For the sake of perspicuity ù is used for the pronoun her, ùn ùm for their, and dū for thy. Writing i instead of u in the final syllable of certain nouns in the Nominative, will render them indeclinable in the singular; as, for instance, cominn, cohirll, &c. &c.<gai>

[TD 3]

CUNNTUS AHGHEARR

MU

BHEAH AGUS BHIUHAS,

IAN MHICINVINN, D. D.

B-ANN am Paisli a rugudh Ian M'Invinn. Agus dh-ég e ann an Glasgo er an 17mh de mias mheahunach a Gheauri 1825, aig aoss tri fiched blianna 's deich. N-uair bha e gle òg thug e tassbanudh er tùr chorrìchte. Dh-inndrinn e an Oil-thaigh.* Mu-n rov e ach deich blianna: agus ré gach sessan chossinn a dheagh thùr, mor urrum dha o cho-scoleriv. Bha e gu sònrichte urrumach erson co mah is a thog e a Ghrégiss agus erson mur, bhoadhich e ann an ealli an tohiss agus a chunntiss. † Cha n-el sinn làn chinntach cùd an aoss a bha e n-uair a tholich Ard-Cheann na h-eglass a dhùsgudh; ach tha e dearvte dhuinn nach rov e bharrachg er fiched blianna. Bha a dhùsgudh le mor uavan agus imchesst inntinn: ach dur bhriss solus spirudal an t-sossgel staigh er anum cha bu lugha a shòlas agus a dhearvachg. Goirid an deigh seo fuar e comus sermonachi, agus bha e er a chorrachudh na fher-còhrach do mhinister sgir 'us bal Ruglen; agus an deigh sin do mhinister na seann sgìre ann an Grianag; far na

shaorich e mu-n cuairst do chehur blianna. Bha faovur inguntach er anns a bhale sin; agus bha a mhinisterachg er a beannachudh do dh-imudh anum: sàbaid an deigh sàbaid bhìdh neach-egin er a dhùsgudh: agus ged tha niss

<eng>* College.
† Mathematics.<gai>

[TD 4]

fagus do leh-chiad blianna on àm sin, tha tuilli is aon chrisdi er an caonudh fahust 'san t-saoghul mur fhianissun er a chuhachg o neav bha an coss a shermonachi aig an àm sin. An deigh sin cha e do Lunninn far an rov e na mhinister ré aon bhlianna diag. Bha e na mheahun mor chum tiunnsnadh agus cur er choss Cominn Lunninn erson cur amach mhinisterun agus theachgerun crìsdi gus na cinnich tha dh-uresi an t-sossgel: agus be e fen Run-chlerach na cominn gus an dàg e a chaher sin.

Thaov doille inntinn dhaoine nadarrach ann an gnohich an anum, tha e tachurt mur is tric, nach e criachun spirudal tha gan gluasud gu inudiv aori. Tha seo a tachurt gu h-àrri ann am bailtìv mora sluaghor, far am bi lianvorachg a' dohlachudh do na co-thinaliv sin a ta iad a saoil sinn is fasaniche is uaille agus is greadhniche; agus far am bi mòran do mhuinntir el le cluasiv tachusach er an gluasud er là an Tiharn gu taighiv aori less na dearv thogrihun sin a bhis er lahiv el gan gresud a dh-iunnsi an taigh-chluich. An àit a bhi g-iarri gu-m faicudh iad gu spirudal cuhachg agus glòr Dhé anns an inud naov, agus gu-m blassudh iad gur mah is gur miliss e. 'S-ann bhis iad le caoch ifrinnal a·ruih an deigh nichun neònach, annasach a dhigillus am macmemnun agus a tholichus an inntinnun étrom, diavan, feolvor, tallvi. Cha n-el bal el ann am Breatinn anns am bel daoine er an togal co mor le an lehiv sin do dh-amidachg sgrisal is a tha iad ann am bal Lunninn. Cha n-inguntach uime sin ged nach bidh co-thinal dohul anns a bhale sin aig a mhinister dhiavur agus spirudal mu bhel sinn a niss a toirt cunntiss. Bha anal na diadhachg, less na shéid e gu tric amearg a luchg éssdachg, co glan, co naov, co gér agus co sgaitach, is gu-n sgap i er falv a chuid mhòr de-n mhoull, er chor 's nach dàgur na dheigh ach ro theirc do mhuinntir anns a cho-thinal do-n rov e frihaludh. Aig an àm chédna le ro-mhèd a shaohur cha n-ann avàn mur mhinister, ach gu h-àrri mur rùn-chlerach na Cominn a dh-anmich sinn,

[TD 5]

bhriss a shlaint. Agus on dà nì seo chunnig e imchi Lunninn fhàgal, ged nach rov inud saorachi sam bih el aig 'na bheachg. Thanig e do Ghrianaig anns a bhlianna 1798, far an duair e fasga agus caidriv measg a sheann chàirdun, agus o chàirdiv a mhna. Agus mur bha Elijah anns an fhàsich, bha esan ann an sin, er a chumal suas gu h-inguntach fad dà bhlianna; gus na ghairmudh e anns a bhlianna 1800,

gu bhi na mhinister ann an Taigh-aori ann an Anderston·laiv ri Glasgo cha thogal er a shon i fen,—ged thug an diavul agus droch mhinisterun le an culvearstiv oirp er a chumal as. Ach gun teguv is cùss mholi e niss do dh-imudh anum gu-n darslich orra, agus gu-n danig an cohirll, mur thachur do chohirll Ahitophel, gu tur neo-ni. Ann an sin shaorich e le mòr urrum measg co-thinal stuam, furachal gu àm a bhàss.—Do bhri gu-n d-òirpich sinn a bhiùhas a leigudh riss anns na rainn a leanus, cha luai sinn an seo ach began phuinncun ann an eachgri a bheaha agus nichun a churus solus er na rainn sin. Blianna no dhà mu-n danig e do Anderston, cha cominn a chur er choss ann an Glasgo, erson ullachudh agus cur amach mhinisterun agus theachgerun dh-iunnsi nan cinnach: ach ann am began bhliannichun an deigh sin thanig cadul er a chominn seo agus is gaunn nach deach as di gu tur. Bha esan na mheahun mor erson a h-ah-bheòhachudh agus a h-ah-nuadhachudh. Bha e er a chorrachudh gu bhi na Run-chlerach di; agus le' éd agus a dheagh dhichull thanig i gu bhi ann an staid shoirvasach. Chur i mach do Africa triur mhinisterun mu-n d-ég e, agus teachgerun el on àm sin. Agus 'se ro-mhèd a shaohur as·leh na cominn seo a thug an eslaint sin er less na chaochill e. N-uair cha a dhùsgudh an tossach thiunnsgan e ri bhi sgrìvudh anns an làv-ghoirid cunntus er fhairachginn, no er buntinn Dhe ri anum er gach là; agus bhuanich e anns a chleachgudh seo fad leh-chiad blianna edhon gu àm a bhass. Bha earrinn mhòr de gach la er a ghnahachudh less ann an léghudh, ann am beachg-

[TD 6]

smuanachudh agus ann an sgrìvudh. Ach do bhri gur ann 'san·lav-ghoirid tha na sgrìvihun a dhàg e as a dheigh, ach gle bheag, cha-n fhàr iad aniss a bhi fémal do-n eglass o nach urrur an léghudh. Aig àm àrri bhìdh inntinn ann a lehid do chleachgudh àrd agus dian mu thimchull na siorrihachg agus nichun spirudal,—mu staid na h-eglass, mu chor na ginalich, no mu nichiv el de-n t-seorsa sin, 's nach fhaighudh neach sam bih cead bruihinn riss no teachg na làhur. Philludh e dhachi ann am mòr imugan inntinn o thaov leabi na h-eslaint, n-uair a ghevudh e an neach a bha na shìnudh oirre an-eolach no·neo-shuimal mu a chunnart. Gidheadh aig àmiv imchi bha e cuidachgal aoihal còhraidach; ach an deigh sin faodur a rà mu dhéghinn gu-n rov e daonnan er a thùr-chariss fo armachg Dhe. Ri duine beò cha chleachgudh e saorsinn a b-urrur gu bràch an deigh sin a mhi-bhulachudh na aghi fen; agus bha e co smachgal na ule ghiùlan 's gu-n cumudh e mhuinntir bu dàine agus bu ladurna nan aite fen. S-ann o seo gun teguv a dh-erich e, nach rov ured ri focul mi-thaitnach edur e fen agus aon sam bih de luchg rialli an Taigh-aori an Anderston, fad nan cuig blianna fiched bha e na mhinister ann. B-ann o mhòrachg inntinn agus o cliuhachg na diadhachg bha an smachg so ag éri, agus cha b-ann o àrdan: or bha fìr irislachg a tassbanudh an coss na smachg seo. Agus bha an fhen-àicha bu ghlainne agus bu mho na ule ghiùlan. Fuair inntinn-sa a lehid du bheachgìv arda, spirudal agus druitach er glor agus mass, er corrich agus càirdus Dhe 's gu-n mheas e mur anal phuinnnsanta gach cliu o dhaoiviniv gun aonta Dhe agus deagh choinnsas na choss. Chur cuhachg nam flahanus cudrom agus bacudh er o bhi cleachgudh a thalentun urrumach er doigh

sam bih nach còrdudh ri naovachg, glainne agus spirudalachg lagh Dhe. Agus is mah a bhrenich e agus chronich e, a ghlor-dhiavan agus an cliu-iarrtus tha fuaighte ri giùlan agus sermonachudh cuid do mhinisteriv tha deanuv fuaim mor san la,-

[TD 7]

gidheadh na bheachg-san nach d-ranig er an fhen-àicha chuhachgach spirudal sin, a bha anns gach linn corrachadh mach an dréam sin a bha rìrudh gluasud do rer essimpler Chrisd. Ré imudh blianna an deigh dha tihinn do Anderston cha rov aig ach ciad punnd sasinnach 'sa bhlianna; gidheadh cha chualus riav e talach. Se thuirte e riss an luchg-rialli agus cuid diu a gearan riss nach rov iad fahust comusach er a theachg-a-staigh a mhèdachudh "Cha n-el miss a' cluinntinn Mrs. M'Invinn a' geran." An deigh sin, er do-n cho-thinal fàs dohul dhublich iad a theachg-a-staigh (stìpan) dha: agus mu an àm chedna. Cha bearstus fhàgal aig le carid da a dh-èg, cha do mhaol corom no saivrus saoghult' fhaovur spirudal-san no' éd gu la a bhàss.

Ann an toirt achusan, no an spreigudh bha e corrichte agus cuhachgach thar gach minister no crisdì el a chuala sinn riav a' lavurt. Bha inntinn co spirudal agus co neavi agus bha lehid do bheachg aig er ciont a pheaci agus urud do ghràin aig na aghi 's nach "b-urrinn da fulang leò-san a ta olc." Uime sin cha-n fhaodudh giùlan, gniav, no briaher ain-diadhi tihinn fagus da gun ghér achusan gu h-àrri mi-naovachudh anm agus la Dhe: agus ghrad lasudh a dhiumudh dur chihudh e ni sam bih étrom no neo-mhohachal ann an taigh no an aorudh Dhé: agus an sin spreigudh e le doigh co cudromach agus le briahriv co tuigsach co tuairmissach agus co sgaitach 's gu-n crihnichudh le geilt maraon an crisdì bu naova san essdachg, agus an t-ain-diadhach bu dannura. Mur dhearvachg er an ni seo bher sinn oirp er gér achusan a chual sinn uai aon uair, a thiunnda gu Gàlic; Ach tha aginn ri aidachudh gu bhel e caull moran de a bhrì agus de a neirst anns an edur-theangachudh. S-ann a bha e an aghi dream a bhis tiunnda aorudh Dhe gu cùss mhagi agus a bhis toirt anm ro naova-san ann an diavanus.

"Tha thus an dùl gu-m faod thu began àvachg a

[TD 8]

chleachgudh mu-n chùss seo-began crihaliss—'S cinntach gur créter-lebidach thu;-ach tha do chiont gad' dheanuv cudromach ann an uachgranachg Dhe. Agus bihi fis agud ann an doihnachg an lér-sgris, dur theid clai agus saihdun an Ule-chuhachgich tarsinn tre t-anam, cùd e an nàvid a bhrosnich thu, agus cùd co faoin agus co dìbli is tha thusa chum cur na aghi."

Ach ma bha e cuhachgach chum dùsgudh na cogass cha bu lugha a bhuai mar fher-frihaludh sòlass do an anum a bhidh ri bron erson écaillun spirudal. 'S mah a b-ainne dha co iad a bha fem iclaint na sòlass

agus ciunnus bu chor di bhi air a frihaludh dhoiv. Dhùssgudh e na h-aignihun bu tasse bu chaoive agus bu shòlasich ann an anum an fhìr chrisdi; agus bhìdh an t-sul a siludh n-uair bhìdh an crihe ga leaghudh fo a thegusg cuhachgach, druitach spirudal-san. Bha tàlent er leh aige erson cur mòran seagh agus bri ann an teirc bhriahrun. Agus ged bu ghna less a bhi cudromach agus ahissach na lavurt gidheadh cha do sgìsich e riav a luchg éisdeachg le urnihiv agus sermoniv fada. Is anmig a chumudh e staigh iad 'san taigh-aori ni b-fhaide no uair-gu-leh er gach ceann de an la.

Co e an duine el anns a ghinalach a thigudh suas ri Olla Ian M'Invinn 'na bhuadhiv 's na ghiùlan er fad-ann an comusiv inntinn ann an doihne·lévinn; ann an diavurachg fairachginn crisdal; ann am beachgìv àrda, cudromach mu thimchull Dhe, Chrisd agus na siorrihachg; ann an spirudalachg inntinn; ann am fen àicha; ann an dian éd erson glor Dhe agus sàvaludh dhaoine; agus ann an naovachg caih-beaha. Mur an t-abstul bha e tolach a bhi er a mheas less an t-saoghull mar amudan er sgà Chrisd 1 Cor. 4. 10. or bha e do rìrudh a' giulan mu-n cuairst er a shiuhul bàsachudh a Thiharn agus a Shlaniher Iosa Crisd.-

Aig la Bhrehaniss bihi e na fhianiss theinntach, lasurach an aghi ministerun, mi-churamach, saoghullt agus ain-

[TD 9]

diadhi na ginalich seo an Albinn. Bihi ur n-agma-sa a mhinisterun truagh gun ah-bhreh ann an earrinniv àrri, de Gaeltachg na h-Alba, seadh, sivse a chedich gu tolach do righachg an dorchadiss soirvachudh gu mor 'n-ur measg-agus a bhis le éd ifrinnal, mur na Gadarènich, ag fuadach na fìr dhiadhachg amach as ur criachiv, n-uair bhis i tihinn fagus duiv. Agus bihi n-ur n-agma-sa mur an cédna, dh-aindeoin ur n-èolus cinn san diadhachg, sivse a mhinisterun, aig am bhel ur crihe na thempull aig Mamon. Saoil sivse nach bi cuivrinn Iudass aig gach aon aig am bi a chleachgudh. Mar dh-érus, Ban-righ Shéba agus na Ninevich mar fhianissun a dhitus a ghinalach sin 's na thassban Crisd, auhul sin éri Ian M'Invinn agus dìti e lianvorachg anns a ghinalachg seo, agus a mhuintir a dhiult a bhi er am pilludh on ròidiv milltach le a thegusg druitach, le a dhian thagrudh, agus le' essimpler dealrach-san, cluinni e, ri cruai sgredul anns an la erson an rov fadachg er, mur chual sinn e cur an céill.

Nam bidh rùm aginn dhaodumid iomudh earrinn brìghor de a shermonun, tha niss an clò, a tharring gu Galic; agus an tavurt an seo; ach 's égin duinn bhi tolichte le co-dhunudh sermon a lùrig e erson "Cominn Lunninn a ta chum teachgerun Crisdi a chur a dh-iunnsi nan cinnach." Ach tha am mìr so caull mòran de bhri agus de mhas 'san edur-theangachudh.

"Agus niss, seallumid suas gu meahun na·Righ-chahrach neavi, agus abrumid.

“Dhasan, er bhi na Dhia co-inun riss an Aher o bhivuantachg, a chrom gu bhi 'na fheòl: Dhàsan a dh-isslich e fen chum còni a ghaval er an talluv na fhear-cuairst agus na fhear-fulung, ged bha e làn gràs agus firinn; Dhàsan thug an àrd essimpler er foighidun, er gràdh neavi do choigrich agus do naihdiv; Dhàsan

[TD 10]

a bhulichus an gràs a chruhichus dealas agus soirvas ann an obur na teachgerachg; Dhàsan a laidh sléchte er an fhounn ann an cruai-spàirn dhiavur anuma, a cha suas er a chraunn-chési oilltal, a' giulan an eallich do chiont agus do dhighaltus lossdach, agus a ghradh ag deanuv cahrem fo an eallach; Dhasan tha gu sior ag tagrudh agus aig righachudh erson sàvaludh an droing sin ta cailte; agus a chrahus, a cheannsichus agus a bheannichus ule thrévun na tallvinn; Dhasan tha niss a siuhal amesg nan cainnlerun òr, agus a thig le·nèliv chum breh thoirt er an t-saoghul!

Dhàsan, agus do-n Aher a thug e o shiorrihachg, agus nach do chaovinn e ann an ùin; agus do-n spirud naov a dhealv, a chossrig, agus a ghlòrich nadar a dhaonachg; agus a dhoillsichus e le cuhachg ceannsachi do chlaunn nan daoine!

Do an Tri-aon-Dia seo, a ta na sholus, na ghràdh agus na theine dian·lossdach, bidh glor agus uachgranachg, cuhachg agus beannachg, aorudh agus uhlachg, niss agus tre an uile bhivuantachg. Amen!

[TD 11]

CUMHA

ARSON

AN OLLAMH MHICIONMHIUNN,

'S am bheil cuid de bhuadhan air an cur an ceill.

AIR,—<eng>“Ye banks and braes,”—or any other tune that may suit.<gai>

I.

O'N thaisgear 's an ùir thu, a teachdair a b' fhiùghant,'
'S tric deòir ann am shuilibh, is tùrs ann am chom;
Nach cluinn mi 's a chùbaidh do theagasgan drùiteach
A ghluaiseadh 's a dhùisgeadh gu cùram is fonn:
Leam is ionmhuinn bhi luaidh air do ghràsan 's do bhuadhan,
Na 'm fàirinn le tuairmis an seinn:
O tigeadh anuas orm, an spiorad caomh uasal,
Bheir saors 'domh is fuasgladh, 's bheir buaidh do mo rann.

II.

S tu 'n lathachan d'òige measg cheudan 's an Oil-thigh,*
Fuair urram an fhòghluim, is eòlas na Grèig;
'N ad inntinn gu 'n stòr thu, gach ealadh is eòlas,

Tha feumail gu seòladh, 's tha oirdheirc mar léug:
Na nithe 's an uair sin a mheas thu mar bhuannachd,
Ged 'n d'fhuaraich a riamh dhoibh do speis,
O la t-athnuadhach', gu'n mheas thu iad suarach,
An coimeas ri luach agus buaidh' chroinn-a-chéus.

III.

Gu'n d' rinn an t-Ard Uàchdran, mor ullachadh uasal,
Chum thus bhi a'd bhuachaill fìor bhuadhar is treun;
S an inntinn a fhuair thu, 's an fhoghlum a chnuasaich,
'S an dùsgadh, 's an uamhunn 's an fhuasgladh nan deigh:
Gu d' ghlanadh o dhruaibe gu 'n d' rinnear do luasgadh,
'S gu'n d' fhuiling thu cruachas ro gheur;
Gu'n d' iùnnsaich thu cruadal, 's mar shaighdear gu'n bhuadhaich,
Fo bhratach an Uain sin chaidh suas do an speur.

<eng>* College.<gai>

[TD 12]

IV.

Bu stoirmeil do dhùsgadh, le toirm ard na trumpaid;
Do pheacaidh' chaidh rùsgadh gu druiteach dhuit fein;
'S an oidhche cha dùnadh an suaimhneas do shùilean,
Fo eagal t-easumhlachd, 's tu cùradh gu geur;
Ach Iosa bha dlu dhuit is reub e do ghnuis-bhrat,
'S le spiorad rinn iùl dhuit 's gach ceum;
Na deamhnan gu'n sgùirs e, 's rinn teampull glan ùr dhiot,
'S am banntaibh a chumhnant gu'n dhùn thu ris fein.

V.

O 'n àm sin bu chliùiteach mar chriosduidh do bhiùthas,
Fad bhliadhnaibh do chùrsa bha dlù air leth-cheud:*
'S ged 's buan air an ùin sin, cha d' fhuaras a'd ghiùlan,
Aon fhiaradh na lùbadh rinn ciùrradh no beud:
Bu tric thu le dùrachd dian spairn air do ghlùinibh;
Bha creideamh 'n ad urnuigh is eud:
Is chleachd thu fein-sgrùdadh, 's gach òich ghabh thu cunntas
Air caoimhneas an Ughdair, fuair ùr-bheath do threud.

VI.

An Spiorad a dh' aon thu gu dlù ri d' Fhear-saoraidh,
Gu pailt ort do thaom e gu saor de a ghràs;
An toradh naomhachd bu gheug thu bha maoineach;
'S an fhionan bu shaothrachail daonnan do ghnàs:
Bu sholus 's an tìr thu, bu reult thu do rìreadh,
Rinn iùl gus an t-saoghal is fearr:
'S do chreideamh cha d' dhìbir a 'm focal na fìrinn,
Ach mhair thu gun chlaonadh làn dìlis gu bàs.

VII.

Le gradh do chloinn daoine s gach cearnaidh de'n t-saoghal,

Do bhràghad bha taosgadh, thaobh maoineachd do ghràis;
Gu'n chleachd thu gach dìchioll, gu soisgeul na rioghachd,
Chur dh'iunnsaidh cein thìrean, bha'n daors aig an nàmh:
Is chrùn an Ard Aodhair, le soirbheas do shaothar,
Tre obair nan daoine a chàidh;
'S na dùchan bha daoichail, le dùbhailc ro bhaothail,
Tha subhailc is naomhachd, gu caomhail fo bhlà.

* An t-am a bha e 'na mhinisteir.

[TD 13]

VIII.

Aig féisd 'n uair a bhi' tu, aig banais no aoidheachd,
Bu shuilbhir, 's bu chaoimhneil, 's bu dhàimheil do dhoigh
Le d'inntinn bhi saibhir a'm mean sgeulaibh boillsgeil,
Bhiodh feart agus faighneachd air cainnte do bheoil:
Ged bhiodh tu aoidheil, do sgeul bhiodh brìgheil,
Ag taisbean' do 'n mhuinntir a'd chòir,
Gu 'm theachdair o 'n Rìgh, thu 's gum b' ait leats a chuing-se
'S gu'n shuidhich thu d' inntinn air rioghachd na gloir.

IX.

Mar charaid bu chaomh thu, a sheasamh gu dilis,
'N àm cruachais is daorsa, 'n uair dhìbreading càch:
Bu sgreitidh, 's bu ghris leat, gach tuisleadh o 'n fhirinn,
'S gidheadh gu 'n robh d' inntinn, le mìneachd is bàigh,
An rùn mhath do 'n diblidh, a thuislich gu mì-thlachd;
An dùil e ath-philltinn tre ghràs:
'S bha smachd ann ad chaoineas, nach cleachdadh a h-aon ruit,
Crosdachd na saorsa mhi-chaomhail gun bhlàs.

X.

Bha gràdh agus fianuis do ghna ann ad bhriathraibh
A 'd dhiomadh bu diana bha crìochan na sìth:
Bha deagh smachd na diadhachd measg sheanar'toirt miagh ort;
'S le d' spreige geur-bhriathrach gu 'n strìochdadh an daoi:
Dar b'òg thu an Grianaig, fuair thu mar dh'iarr thu,
Seulachan lionmhor o'd Rìgh,
Thug taisbeanadh fìorghlan, gu 'm theachdair o Chrìosd thu,
Chum peacaich a spionadh a liontaibh a chlaoi.

XI.

Bha thu làidir 's an Tighearn, thug tàbhachd is ciall duit,
Chum àithntean 's a bhriathran bhi riaghladh do cheum;
Ghlac thu 'n armachd dheas dhìongmhalt gu d'naimhdean brais iargalt
A ruagadh 's a chiosnach' gu dian le do bheum.
Gach àigheadh neo-fhiachail gu'n chlaoi is gu'n spion thu;
'S a chaomh chomuinn dh' iarr thu gu treun:
'S t-fhein-àicheadh thog fianuis gu'm ghràin leats miannghlòir,
'S gu'm b'fhearr leat do Thighearn bhi'm miagh na thu fein.

[TD 14]

XII.

'S e'n spiorad glan siorruidh thug iùl duit mar dhiadhair
'S le eòlas a lion thu bha diamhair is àrd;—
Mu bhuadhaibh na Diadhachd, mu rùntaibh na Trianaid;
Mu chumhnant nan gnìomha cha dheanamh ri Ad'mh;
Mu'n choimh-cheangal siorruidh, le bheannachdaibh lionmhor,
Mu'n umhlachd thug riarachadh slàn;
Mu'n bheatha naomh dhiadhair th'aig pobull an Tighearn;
'S mu n' bhàs sin tha lionadh aindiadhaich gun ghras.

XIII.

Air naomh la an Tighearn bhiodh faobhair ro dhian ort,
Mar aodhair le Criosd thu o'n t-siorruidheachd mhor;
A chunnaic 's an iochdair, an truaigh 's na piantan,
Rinn greim air na diabhlaidh 's luchd fiaradh na còir;
'S a chunnaic 's a mhiannaich, an sòlas ard diamhair,
A mhealar gu sior ann an glòir,
Le muinntir 's an fhionain, a dh' òl de an iocshlaint,
A chathaich gu diadhaidh, 's a chiosnaich an fheoil.

XIV.

Chitheadh suil an deagh Chriosduidh, bha tùrail 's an diadhachd,
Do ghnuis-se bhi sgiamhach le iomhaigh nan gràs;
Chit' eagal is fiamh innt, roi dhiombadh do Thighearn;
Chit' misneach nach striochdadh, cruaidh iarguinn no càs;
Chit' taisbeanadh fìor innt, air d'anam bhi lionta,
Le urram le iarrtas is gràdh;
Chit' uairean caomh sgiamh oirr', is solus bha dian oirre,
Le dealradh o'n ghrian sin, tha diamhair is àrd.

XV.

'S e doimhneachd do chiall-sa, is d'inntinn àrd fhiachail,
'S do bhuadhan gasd' lionmhor bhi lionta gun èis,
Chur cumadh gun fhiaradh am molldair na diadhachd,
Chur mais agus sgiamh ort, chur fiamh agus gleus:
Bu shnasmhor do bhriathran, bu bhlasda bu chiatach,
Bu tharbhach, bu bhiadhar, bu gheur;
Bu shocrach do rian leo, bu chudthromach, fiamhail;
'S do ghuth trom tiamhaidh, subailt, liont' agus beur.

[TD 15]

XVI.

Le deagh-ghean no diombadh ard uachdran no diùca,
Cha deanadh tu crùbadh mi-fhiughail gu làir:
Barail luchd turail mu'n diadhachd nach b'fhiu leo,
Ge miaghail 's an dù'ich iad, gu'n dhiult thu le tàir:
Ionmhas no rùn mhath an t-saoghail, no chliu math,
Cha tionndadh gu taobh thu gu bràch:
Mar Elijah, am fiùbhaidh, bha 'n Isr'el 's an Iudah,

B' fhianuis 's an dù'ich thu nach lubadh le cach.

XVII.

Oir chum thu la chunntaidh, 's an ceartas do-lubaidh
Gle fha'isg agus dlù dhuit, 's gach cuis agus gnìomh;
Is b'eòl duit an diombadh, a chlaoidheadh 's a mhùchadh
An dream sin a dhiultadh làn umhlachd do'n Triath;
Is chum thu an crùn sin, 's an aoibhneas gun mhùthadh
Tha ard ann an luchairt na sgiamh,
Do ghnà ann ad shuilibh,—is las so do dhurachd,
Bhi eudmhor a'd chursa gun lùbadh gun ghiamh.

XVIII.

Air ballaibh Ierùs'lem b' fhear caithris 's an tùr thu,
Bha ealamh is diùlant', bha iulmhor is geur;
Chum daonnan do shuil air na naimhdibh dorch, lubach;
'S a leughadh nan gnuisibh an rùintean gu leir;
'S a shéideadh an trumpaid le eud agus dùrachd,
Chum pobull a dhùsgadh gu streup;
Mu'n meallar 's a chuis iad, 's mu'n caillear an cruin leo,
'S an naimhdean tigh'nn dlu orr', gu'n tionndadh o'n cheum.

XIX.

An t-aidmheil mor ùr sin a dh'éirich 's an du'ich,
Ged b' iomadh a dhluthaich fo dhubhradh a sge',
A dh'aindeoin a chiuin-bheus, eud agus ubraid,
B'eòl duit-s' o thùs nach b'fhior fhudraic a ghnè:—
—Tha sail anns an t-suil sin, gu buileach tha diultadh
An solus tha bruchdadh o 'n ghréin;
'S le tàir a chur cul ris a chridhe bhrìst' bhruite,
Is Dia 'g radh gur cubhraidh na tuis e dha fein.

[TD 16]

XX.

'N uair chitheadh do shuilean ni eutrom mi-fhiughal,
Ga thaisbean' 's an umhlachd, an cuirtibh do Dhia,
Ghrad lasadh do dhiombadh mar asgart is fhudar,
A chaisgeadh 's a smudadh gach giùlan gun chiall;
Gach cleasaich no sùgair bu sheasaich 'n a dhubhailc,
Gu'n clisgeadh s gun duisgeadh le fiamh,
N uair dheanadh tu rusgadh, le d' bhriathraibh deas druiteach,
Air a pheanas a mhuchas luchd dulan an Triath.

XXI.

Thar gach buaidh agus subhailc rinn snuadhar do bhiuthas,
Mar theachdair cha ungradh le Ughdair na slàint,
Bha aon diu ri chunntadh air cach mar chrunar,
Rinn d'anail ni 's cubhraidh no ùras nam blàth;—
Cha labhradh tu ruintean nach d' fhairich 's nach d'iunnsaich
'S gun bharand o' n chuirt sin is aird';
'S cha thogadh tu lùdan mar fhaigheadh tu cultaic
O'n Spiorad, a stuireas an cuisibh nan gras.

XXII.

Ni eile nach dur'ginn a leigeil air di-chuimhn
Thug buaidh dhuit mar stiubhard am buthaibh na slaint,
Gu'n robh thu gun mhuthadh, 's gach teagasg'gar stiuireadh;-
Gu beachd air an ur-bheath chaidh dhusgadh le gradh,
'S gach searmon le iul mhath gu 'n deanadh tu rusgadh,
Air 'n fhaireachduinn fhiughanta àrd,
Th'aig clannaibh na h-urnuigh, ri peacadh a chùlaich,
'S le creideamh is dùrachd ghlac cupan na slaint.

XXIII.

An spiorad rinn iul duit, 's an diadhachd thug tur duit,
Bha fagus 's gach cuis duit, ga d' stiuireadh 's gach ceum;
'S do shearmoin rinn druiteach, le fheartaibh caomh urail,
Chum maith do gach biuthas, reir iunndrain no fheum;-
An cealgair le lubaibh, is gruaim air mar ghnuis bhrat,
Gu'n tearb' tu gu taobh e o 'n treud;
'S an t-anam gun churam, gu'n lotadh 's gu'n duisgeadh,
Is Philleadh gu subhailc le urnuigh is eud.

[TD 17]

XXIV.

Bha 'n cridhe gun mhùthadh le ' phlaighibh ga'n rùsgadh;
Bha choinnseas ga dusgadh le sgrudadh nan gràs;
Bha 'n tuigse ga stiuireadh gu saibhreas a chumhnant,
A dhaighnich 'n àrd Ughdair le umhlachd chum bais;
Bha 'n inntinn ga h-ùrach' le creideamh is durachd,
'S ag miannach an dù'ich sin tha àrd;
'S gu buileach ag diùltadh gach leth-trom is cùlaig,
A bhacadh 's a chùrsa gu luchairt a ghràidh.

XXV.

Bha 'n t-anam trom ciurra bh' air cromadh 's air lùbadh,
'S e gleachd ri eas-umhlachd le urnuigh gu cruaidh,
Faotuinn spionnadh is iùl mhath, chum casgradh is mùchadh,
Gach peacadh is dubhailc tha stiuireadh gu truaigh':
Sin dheanadh e giùlan le cruachas is dùlan,
Gun ghearan, gun mhuigeas, gun ghruaim;
Is thionndadh e chulthaobh air buaireadh 's ro-churam,
'S bhiodh naomhachd 'n a ghiùlan le ùr-mhais is buaidh.

XXVI.

Bha 'n cridhe brist' brùite bha 'g osnaich 's a cùradh
An deigh solus a ghnuis sin, 'n uair dhiultear i dha,
Air neartach' 's air ùrach' le feartaibh a chumhnant,
Thug thus do iunnsuidh mar chungaidh na slaint:
Thigeadh frasan is druichd air, is anail bhla chùbhraidh;
Thigeadh solus as ùr air le baigh;
Bhiodh òran is urnuigh, bhiodh iobart is tuis aig,
Bhiodh guth an fhir-chiuil aig, le rùin da is gradh.

XXVII.

Thigeadh uairean bhiodh caomh ort, gu d' anam a mhaothadh,
Chum cuirm an Fhir-shaoraidh a sgaoileadh le dòigh,
Do'n bhochdan bha diblidh, 's do'n ocrach 's do'n iotmhor,
'Na milseachd, na maoineachd, na saorad 's na sògh:
Bhiodh bainne do chlann ann, do dh' oigridh bhiodh reamhrachd,
Bhiodh fion ann do shean daoine ri òl:
'S thigeadh creideamh neo-fhann leo gus an ocrach bha fanntach',
Is shìneadh e laimh gus a mhanna 'n a chòir.

[TD 18]

XXVIII.

Thigeadh uairean bhiodh treun ort, gu d' bhuadhan a ghleusadh,
Chum uabhas is euchdan an Treun Bhith a sheirm;
Sin shaoileadh luchd d' éisdeachd gu 'n thaisbean 's na speuraibh,
Am Breitheamh gu gréadhnach, le neulaibh is stoirm;
'S gu'n chrathar na reultan, 's an trompaid gu'n shéidear,
'S o'n duslach gu'n d'éirich na mairbh;
'S gu'n thilgear gu léir-sgrios luchd-deanamh na h-eucoir,
'S na naoimh le ard éibhneas 's na neamh gabhail seilbh.

XXIX.

Aig àmaibh co àraidh, bhiodh buaidh aig do chràbhachd,
Thar muinntir nach d'rainig air nàdur glan nuadh;
Car tamuil 's an àros, do dhealas 's do làth'rachd,
Ghrad dhuisgeadh gu nàir iad gu blàs agus gluas'd:
Mar thachair do Shaul, air tighinn gu Naiot,
Bha'n Spiorad car là air le buaidh;
'Se m' eagal an trà so, gur ann mar sud bhà mi,
'S gu'n shearg gach deagh bhà dhìom, 's gu'n d'fhàgar mi truagh.

XXX.

Mo thruaigh nach cluinn mi, aon nis anns an linn so,
Co milis 's co binn leam, am puinnceibh na slàint;
'S a thogas domh m' inntim 's le eud bheir dhomh pilltinn,
O m' easantas phuiseant', 's o innleachd mo nàmh:
Do theagasg gu'n mhill orm teagasg na muinntir,
Gun teagamh fuair cinnteach air gràs:-
Cha bhlasd' leis a mhuinntir tha cleachta re binn cheòl,
Na puirt thig a siunnsar tha 'g iunndrainn a mhàil.

XXXI.

Gun teagamh 's ni cinnteach, nach robh anns an linn ort
Am meas sin no'n fhaighneachd a thoill thu san àl:-
Cha suilean gun shoillseach, a chitheadh co boisgeil,
'S bha thu a'd shaighdear an campa nan gràs:
Gidheadh bha muinntir thug gradh dhuit 'n an inntinn,
'S nach leig as an cuimhn thu gu bràch,
Le 'n ionmhuinn bhi cluinntinn do ghrasan a mhill orr'
Gach teagasg neo-phuinnceil mu innleachd na slaint.

[TD 19]

XXXII.

B'ìoghnadh ri innseadh nam bitheadh 's an linn ort
Am meas sin a thoill thu mar shaighdear thug barr:
'S tric fhuaras a mhuinntir gun ghràsan, gun shoillseach,
Ag lotadh gu h-oillteil caomh oighreach' na slàint:
Ach fianuisean caoimheil bha 'n saoghal aig craidhneadh,
Bha cuideachd nan ainglean nam pàirt;
'S bha'n flaitheas le aoibhneas, ga'm meas mar na coinnlean,
'S ga'n glanadh mar dhaoimein bhios boisgeil gu bràch.

XXXIII.

Mar Iacob nach géilleadh, ghleachd thu gu gleusda;
Mar uachdran bha treun thu, is dh'érich leat buaidh;
Chur tuilleadh an déigh sin bacadh is éis ort,
O ruith anns na ceumaibh tha spéiseil measg shluaigh:
Ach suilean na neamha bha suidhicht' le deigh ort,
'S tu ruith anns an réise ghlan nuadh;
'S bu mho an spéis de do ghleachd ris an éucoir
Na dh' armailtibh euchdach de eucoirich thruagh.

XXXIV.

Dh' aindeoin na luaidh mi cha d'thainig mi suas ri
Do ghrasan bha buaghar, fìor uasal is àrd:
Bha lànachd mu'n cuairt duit de phairtean s de bhudhan,
'S gur diomhan bhi smuanach' an cnuasach an dàn.
Ach 's barail gu dearbh leam, nach robh ann an Albinn
O àm a gheur-leanmhuinn gun bhaigh,
Aon duine co tarbhach am buaidh na h-ath-ghinmhinn,
Ruit s' Iain Mhic Inmhinn, de'n gairmear an Gràdh.

XXXV.

Nam bitheadh na faidhean, 's na h-athraichean gràdhach
Bu chliuitich 's bu chràbhaich, ga'm fagail 's an fhonn;
Cha bhithinn-s' an tra so, cumha do bhais-sa,
Rinn m' anam bochd fhàsgadh, 's a chràdh mi gu trom:
Ach Esan thug gradh dhuit cha deanamh e t-fhagail,
Ag osnaich 'san fhasach chruaidh, lom;
O'n fhuair e dhuit àros 'measg dhoireachan Phàrais,
'S am mealadh tu làth'rachd chaomh àghmhor gach am.

[TD 20]

XXXVI.

Thug creideamh lan chinnt domh dar ruith thu do choimhliong,
Gu'n deach thu le ainglibh gu oighreachd na gloir;
Gu'n d'fhàiltich an Rìgh thu, le gnuis bhla, aoidheil,
Gu comuinn nan saoidhean tha chaidh ann a chòir;
Thug crùn duit mar dhaoimean, thug trusgan geal soillseach,
Thug clàrsach ro bhinn duit de 'n òr:
Is dhlùthaich le daimh riut, gach fiùbhaidh bu bhoisgich,
A thaisbeanadh caoimhneas le aoibhneas is céol.

XXXVII.

Is bithidh tu fonnmhor gu h-àrd measg nan sonn ud,
'S cha mhòthaich thu teanntachd 's an fhonn ud a chaidh
Do ghrian-sa cha chrom i, do speuran cha dhonn iad,
'S le sgios cha chrom thu, 's cha lom thu le h-aois:
Ach éiridh do shuaimhneas, le tuilleadh do luaghar,
Mar dhluthas mu'n cuairt duit le aoidh,
Anaman bhuaidhaich, tre'n t-soisgeul a chual iad
O'n mhuinntir a ghluais thuc, tre thuairmis do ghaoil.

XXXVIII.

Do spiorad chaidh sheuladh thig rìs as na speuraibh
Measg armailtean greadhnach tha géilleadh do 'n Rìgh;
O'n ùir ni grad éiridh, do chom mar chaomh reulta,
Is cuideachd ris théid iad le aoibhneas is aoidh;
'S o d'ionad 's na speuraibh na t-fhianuis bhios geur thu,
Chum diteadh gu leir-sgrios an daoi;
'S le caithream gu'n d' theid thu, dhachaidh le 'threud-san,
'S mar dhealradh na greine, bi sgèimh ort a chaidh.

[TD 21]

DAN DO NA MINISTEIREAN UALLACH.

I.

Tha luchd Searmon'chaidh as-caoin
Le'n toirm 's le'n tartar 's a chùbaidh,
'S le'n gleadhraich ard ana-cneasda,
Toirt làn thaisbeanadh dubailt,
Nach d' ràinig cumhachd an reachd iad
Chum an smachdach' 's an lubadh;
'S nach d'fhuair iad idir fìor bheachdan,
Air nadur peacaidh no umhlachd.

II.

Is ealant cuid ac' 's a bheurla,
'S an leubhadh blasda, binn-fhuaimneach,
Ag cosnadh urram is speis doibh
O dhaoineibh leubhant, 's o uailsibh:
Tha na nithe so ceutach,
Dar bhios deagh eud leo is tuairmis;
Ach 's tric mar anart glan réidh iad,
Mu chlosach bhreun air a shuaineadh.

III.

Ged robh iad ro dheas air a bheurla,
'S beag an gleus th' orr' 's an urnaigh;
'S dream gun aithn' air am feum iad;
Cha n'eil fìor eud orr' no curam;
Cha'n ann mar Iacob gu treun iad,
Ag gleacadh 's ag eigheach le durachd,
Gu'n d' thigeadh beannachd o neamh thuc',

'S an spiorad gu'n seuladh 's gu'n stiuireadh

[TD 22]

IV.

'Se bhios ac searmoin neo-dhruiteach,
Aon anam cha chiurr i, 's cha ghluais i;
Air uidheam is ruin mhath a chumhnant,
Le gliocas is iùl mhath cha luaidh i;
Plàighean a chridhe cha ruisg i,
'S a choguis cha dhuisc 's cha luaisc i;
'S an tuigse idir cha stiuir i
Gu beachdan bheir umhlachd bhios nuadh leo.

V.

Cha d'théid an t-anam le ùrach',
No neartach' gu giulan le cruachas;
No treis an as-creidimh a mhuchadh,
'S cha toir i dad lubadh air d'uabhar;
Cha ruag i o d'-inntinn ro-churam,
'S cha tionnd i do chul-thaobh ri buaradh:
'S mar d' fhag i mòran ni 's mios thu,
Dad tairbhe no fios uaip' cha d'fhuair thu.

VI.

Gheibhear seòrs' eil anns an Eaglais,
Ach 's cusbairean eagail is truais iad:
Cha tric iad cearbach nan teagasg,
Oir fad' measg chreideach do ghluais iad;
Ach spiorad Mhaois, Phoil agus Pheadar,
'S gann leam a chreidsinn gu'n d' fhuair iad;
O'n tha miann-ghlòir ga'n teann ghreasadh,
Gu slighe Bhàlaim 's Gehazi, bha truailleadh.

VII.

Ma fhuair sinn breithneachadh iulmhor,
Air gnathaibh lubach luchd innleachd;
Is tric a chi sinn 's a chubaidh,
Muintir dhubailt nan clìcean:

[TD 23]

'S ma fhuair iad o ioma neach biuthas,
Bhi ceannalt, fiughail is diadhaidh,
'S tric e soilleir o'n giulan,
Gu bheil iad ag lubadh do iomhaigh.

VIII.

Cha 'n ioghna naomhachd is diadhachd,
A Bhi a' grad chrionadh 's an uair so:
Tha cip-thuislidh fàs lionmhor,
Le giùlan mi-chriosdail is uallach;

Tha gaol bràthrail le cabhaig a' triall uainn,
Tha eud is gradh chiadan ag fuaradh;
'S le buaidh-chaitream tha'n diabhol
G'ar glacadh 'n a liontaibh le buaradh!

A CHRIOCH.